

**BUSINESS PLAN**  
**PLANA GNÓTHAICH**  
**2021/22**



**CROFTING COMMISSION**  
**COIMISEAN NA CROITEARACHD**

## CLÀR-INNSE

RO-RÀDH .....	3
ADHBHAR A’ PHLANA GNOTHAICH.....	4
<b>BUIL A h-AON – CROITEAN AIR AN GABHAIL AGUS AIR AN OBRACHADH.....</b>	<b>5</b>
<b>BUIL A DHÀ – FEARANN IONALTRADH RIAGHLAICHTE AGUS CLEACHDAIDHEAN CO-STIÙIRIDH A’ LEANTAINN .....</b>	<b>10</b>
<b>BUIL A TRÌ – CROITEARACHD AIR A RIAGHLADH ANN AN DÒIGH CHOTHROMACH, BHUADHACH AGUS ÈIFEACHDACH .....</b>	<b>14</b>
<b>BUIL A CEITHIR – CROITEARACHD GHNÌOMHACH THEACHDAIL A’ FAOTAINN TAIC BHO CHONALTRADH FIOSRAICHTE LE LUCHD-ÙIDHE.....</b>	<b>16</b>
<b>BUIL A CÒIG – FÈIN-BHROSNACHADH AGUS NA SGILEAN CEART AIG AR SGIоба-OBRACH AIRSON GNÌOMHADH MATH, LE PRÒISEASAN RIAGHLAIDH DEN CHLEACHDADH AS FHEÀRR .....</b>	<b>18</b>
TOMHAS SOIRBHEACHAS.....	22
BUILEAN NÀISEANTA.....	22
FIOSRACHADH MUN BHUIDSEAT .....	24

## RO-RÀDH

B' e bliadhna dheatamach a bh' ann an 2020/21 do Choimisean na Croitearachd, chan ann a-mhàin mar thoradh air galar-sgaoilte a' choròna-bhiorais a chuir ar n-adhartas a dh'ionnsaigh cuid de ar cinn-uidhe troimh-chèile, ach a chionn san t-Samhradh 2020, gun tug Riaghaltas na h-Alba cuireadh dhuinn dleastanas nas leudaichte a ghabhail os làimh. Tha sinn gu mòr a' cur fàilte air an dleastanas a bharrachd seo agus an goireas co-cheangailte a chaidh a sholarachadh tron bhliadhna, agus a tha cuideachd air fhisge a-steach don phrìomh bhuidseat againn airson 2021/22 (faic Fiosrachadh Buidseit, duilleag 18).

Air sgàth nan cothroman ùra sin, rinn Bòrd Coimisean na Croitearachd ath-sgrùdadh air a' phlanadh air adhart aca agus tha am Plana Gnothaich seo airson 2021/22 a' mìneachadh seat de phlanaichean is chinn-uidhe ùra agus agus àrd-amasach. Tha trì taobhan gu h-àraid de dh'obair a' Choimisean air an neartachadh:

Fo Bhuil 1, mhinich sinn ar planaichean airson sgioba Còmhnaidheachd is leachdadh Fearainn nas leudaichte, a chaidh a mheudachadh le 2 dreuchd eile mar thoradh air a' mhaoineachadh a bharrachd a fhuair bho Riaghaltas na h-Alba. Tha feum aig croitean a bhith air an cleachdadh, agus tha an Coimisean dealasach a thaobh a bhith gnìomhach ann an dèanamh cinnteach gu bheil iad.

Fo Bhuil 3, mhinich sinn planaichean air goireasan a liubhairt do thagraidhean riaghlaidh air-loidhne. Tha an obair seo ga cur an gnìomh mar-thà, agus bithear ga liubhairt tron bhliadhna a tha romhainn. Taobh ri taobh le seo, bidh sinn ag amas air amannan tillidh a leasachadh air ais gu na h-ìrean a bha sinn a' coileanadh ann an 2019-20, mus tàinig an galar-sgaoilte.

Fo Bhuil 4, tha sinn a' nochdadh seat ùr sa mhòr-chuid de dh'àrd-amasan a tha stèidhichte air sruth-obrach ùr air a stiùireadh le ar sgioba leasachaidh. Ged a bhios pàirt den obair seo cuimsichte sna h-Eileanan an Iar sa chiad àite, le bhith a' taisbeanadh èifeachdas nan eadar-theachdan sin, tha sinn ag amas air luaths a chruthachadh do ghnìomh leasachaidh tarsainn nan coimhearsnachdan croitearachd uile.

Mu dheireadh, tron bhliadhna a tha romhainn bidh sinn ag ullachadh airson nan taghaidhean croitearachd sa Mhàrt 2022, nuair a bhios poball na croitearachd a' taghadh 6 Coimiseanairean gus an obair a thoirt air adhart tro na 5 bliadhna a tha ri teachd. Is e amannan brosnachail a tha seo do chroitearachd agus don Choimisean, agus tha sinn a' coimhead air adhart ri conaltradh leis na h-uile aig a bheil ùidh ann an seasamh airson an taghaidh chun a' Bhùird.

**Bill Barron – Àrd-Oifigear**

*An Cèitean 2021*

## ADHBHAR A' PHLANA GNOTHACH

Gach bliadhna, tha ar Plana Gnòthich a' mìneachadh prìomh chinn-uidhe a' Choimisein airson na bliadhna a tha ri teachd. Tha iad sin air an taisbeanadh sna clàran gu h-ìosal, a tha a' toirt iomradh air ar prìomh rùintean agus amasan. Rè na bliadhna, bidh am Plana Gnothaich na innleachd airson ar n-adhartais a sgrùdadh agus cuideachadh le ar luchd-obrach, ar n-ionmhas agus goireasan eile a stiùireadh, gus na builean riatanach a choileanadh.

Bidh adhartas mu choinneamh a' Phlana seo air a sgrùdadh gu cunbhalach leis an Àrd-Sgioba Stiùiridh agus air aithris don Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais tro ar n-aithisgean ràitheil air stiùireadh coileanaidh. Tha aithris chunbhalach a' cuideachadh le a dhèanamh cinnteach gum fuirich sinn cuimsichte air na prìomhachasan agus gu bheil na goireasan ceart againn san àite cheart aig an àm cheart. Thèid adhartas a thomhas tro ar Prìomh Chomharran Coileanaidh mun bi am Bòrd againn a' faighinn ùr-fhiosrachadh cunbhalach.

Tha na Builean Corporra as cudromaiche sa Phlana Chorporra 2019 – 2022 mar a leanas:

<b>Buil a h-Aon</b>	<b>Croitean air an gabhail agus air an obrachadh</b>
<b>Buil a Dhà</b>	<b>Fearann ionaltraidh riaghlaidhe agus cleachdaidhean co-stiùiridh a' leantainn</b>
<b>Buil a Trì</b>	<b>Croitearachd air a riaghladh ann an dòigh chothromach, bhuadhach agus èifeachdach</b>
<b>Buil a Ceithir</b>	<b>Croitearachd ghnìomhach theachdail a' faotainn taic bho chonaltradh fiosraichte le luchd-ùidhe</b>
<b>Buil a Còig</b>	<b>Fèin-bhrosnachadh agus na sgilean ceart aig ar sgioba-obrach airson gnìomhadh math, le pròiseasan riaghlaidh den chleachdadh as fheàrr</b>

## BUIL A h-AON – CROITEAN AIR AN GABHAIL AGUS AIR AN OBRACHADH

Le bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil croitearan a’ gèilleadh do an Dleastanasan, agus tro bhith ag obair le coimhearsnachdan croitearachd is luchd-ùidhe, faodaidh sinn an àireamh de chroitean a tha air an gabhail agus air an deagh ruith, a mheudachadh.

### Aithris

Bho 2017, tha sinn air a bhith a’ leudachadh ar n-obair gus na riathanasan air croitearan a bhith a’ còmhnaidh air no faisg air croitean agus an talamh àiteach ’s a chumail suas, a bhrosnachadh - agus a sparradh far a bheil sin riathanach.

Tha e air a bhith na ghairm cunbhalach aig Bòrd Coimisean na Croitearachd gum bu chòir adhartachadh air còmhnaidheachd croite agus cleachdadh gnìomhach air an fhearann, a bhith àrd air liosta phrìomhachasan a’ Choimisein. Tha am Bòrd air freagairt do riarachadh àrdaichte buidseat a’ Choimisein, le bhith a’ sealltainn gum bu chòir cuid den riarachadh ùr seo a bhith air a chleachdadh gus còmhnaidheachd agus cleachdadh gnìomhach fearainn adhartachadh, agus togail air obair làithreach sgioba Còmhnaidheachd is Cleachdadh Fearainn a’ Choimisein.

Mar sin, leanaidh sinn air adhart a’ rannsachadh bhrisidhean aithrisichte air dleastanas, ag obair còmhla ri uachdarain croitearachd poblach is prìobhaideach, a’ conaltradh ri luchd-gabhail chroitean a bhios ag aithris an neo-ghèillidh fhèin tron chunntas croitearachd, no a thig gu ar n-aire tro obair-cùise oifigeil, agus gnìomhadh a dh’ionnsaigh fuasgladh a choileanadh air cùisean leantainneachd fad-amail gun tiomnadh, far nach eil an gabhaltas air a ghluasad taobh a-staigh nan raointean-ama reachdail.

A’ gluasad air adhart, cuiridh an sgioba an aon chuideam air croitearan seilbhe agus a chuireas iad air croitearan gabhaltais, on is e rùn Achd 1993 gum bi an dà chuid croitearan seilbhe agus croitearan gabhaltais umhail do dhleastanasan croitearachd. A thuilleadh air sin, bidh sinn a’ sgrùdadh dhaoine fa leth nach do thill an fhoirm cunntais croitearachd aca ach far a bheil am fiosrachadh seòlaidh aca ag innse nach eil iad gu h-àbhaisteach a’ còmhnaidh air an croitean; agus tòisichidh sinn a’ cur litrichean gu uachdarain air croitean falamh (no pàirt de chroitean) nach eil a’ còmhnaidh agus/no nach eil ag àiteach na croite, a’ sùileachadh ri fuasgladh fhaotainn tron uachdaran a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil a’ chroit fo ghabhail agus air a h-obrachadh, no tron Choimisean a’ cur an gnìomh sholaran croite falamh den Achd 1993, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil a’ chroit aig neach-gabhail a ghèilleas do dhleastanasan còmhnaidheachd is cleachdadh fearainn.

Bidh an dòigh-obrach againn taiceil: cuidichidh sinn le comhairle a thoirt do chroitearan gabhaltais is seilbhe mu na roghainnean a tha fosgailte dhaibh gus fuasgladh fhaotainn air am brisidhean dleastanais; agus mar an ceudna, obraichidh sinn le uachdarain agus cuidichidh sinn iad gu an dòigh as fheàrr a thuigsinn air a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil croitean uile air an ruith ann an dòigh dheimhinneach tro an gnìomhan fhèin no tron Choimisean, a’ gabhail cheumannan gus dèanamh cinnteach gu bheil a’ chroit air a gabhail agus air a h-obrachadh.



## Prìomh Chlachan-mìle

Àireamh	Ceann-là	Clach-mhìle
1a	An t-Sultain 2021	Cruthachadh sruthan-obrach, pròiseasan agus pàipearan taice mar chuideachadh do rannsachaidhean agus conaltradh le uachdarain (luchd-seilbhe croitean falamh), a tha fo amharas nach eil iad a' còmhnaidh agus/no ag àiteach an croitean.
1b	An Ògmhios 2021	Ath-sgrùdadh air tillidhean a' Chunntais Croitearachd 2020 gus tarraing air na cùisean uile far a bheil an neach-freagairt air a chomharrachadh gu bheil iad air aon no barrachd de na dleastanasan reachdail aca a bhriseadh.
1c	An Lùnastal 2021	Sgrìobhadh gu taghadh de luchd-freagairt a' chunntais 2020, a tha air sealltainn gu bheil iad air an dleastanas a bhriseadh ann a bhith gu h-àbhaisteach a' còmhnaidh, a' faotainn am planaichean agus an rùintean airson fuasgladh fhaotainn air a' bhriseadh agus a' daingneachadh a bheil no nach eil adhbhar math gun fhios air briseadh dleastanais fo earrann 26C(1) de Achd 1993 a sgaoileadh thuca.
1d	An Dàmhair 2021	Sgrìobhadh gu taghadh de chroitearan gabhail agus de chroitearan-seilbhe nach eil air freagairt do chunntas 2020 agus far a bheil an seòladh ag innse gu bheil iad a' briseadh an dleastanais còmhnaidheachd. Ma dhaingnicheas conaltradh litrichean gu bheil iad a' briseadh dleastanais, an uair sin dheigheadh a' chùis a leantainn a rèir 1c gu h-àrd.
1e	An Dùbhlachd 2021	Sgrìobhadh gu taghadh de chroitearan gabhail agus de chroitearan-seilbhe a tha air sealltainn nan tillidhean do chunntas croitearachd 2020 gu bheil iad a' gèilleadh don dleastanas a bhith gu h-àbhaisteach a' còmhnaidh ach nach eil iad ag àiteach na croite, a' toirt seachad fiosrachadh mu an roghainnean.
1f	An Gearran 2022	Ath-chonaltradh le taghadh de chroitearan còmhnaidh aig a bheil croitean nach eil air an obrachadh, gus dleastanasan chroitearan a bhith ag àiteach agus a' cumail suas an fhearainn, a bhrosnachadh agus a sparradh far a bheil sin riatanach.

## Prìomh Thomhasan Coileanaidh

*NB – Tha cuid de na bun-loidhnichean airson 2019-20, a’ bhliadhna obrachaidh ‘nàdarra’ mu dheireadh.*

Àireamh	Amas	Figear bun-loidhne	Targaid/Comharra	Tomhas
1.1	An àireamh de chroitean a bha falamh air an leigeil leis an uachdaran no an Coimisean, a’ leantainn air gnìomhan a’ Choimisein a thaobh leantainneachd gun fhuasgladh (earrann 11) no solaran croite falamh (earrann 23) de Achd 1993.	7	15	Clàran de ghnìomhan rianachd.
1.2	Conaltradh a thòiseachadh le barrachd chroitearan far a bheil amharas a thaobh briseadh dhleastanasan RALU.	77 ann an 2019-20	Conaltradh RALU a thòiseachadh le 100 cùis ùr.	Clàran de ghnìomhan rianachd.
1.3	Conaltradh a thòiseachadh le uachdarain (luchd-seilbhe chroitean falamh) nach eil a’ còmhnaidh air agus/no ag àiteach an croitean falamh.	Bun-loidhne ri stèidheachadh an dèidh ath-sgrùdadh.	Conaltradh a thòiseachadh le 30 cùis.	Clàran de ghnìomhan rianachd.
1.4	An àireamh de bhrisidhean RALU air am fuasgladh le croitear no le croitear-seilbhe a tha air dleastanas còmhnaidheachd a bhriseadh, a’ gabhail còmhnaidh air a’ chroit aca.	17 (cuibheas thar an 2 bhliadhna roimhe)	17	Clàran de ghnìomhan rianachd.
1.5	An àireamh de bhrisidhean RALU air am fuasgladh tro shònrachadh air a’ chroit, no leigeil no reic air croit seilbhe.	20 (cuibheas thar an 2 bhliadhna roimhe)	20	Clàran de ghnìomhan rianachd.

Àireamh	Amas	Figear bun-loidhne	Targaid/Comharra	Tomhas
1.6	An àireamh de bhrisidhean RALU air am fuasgladh leis a' Choimisean tro chead a thoirt a thaobh fo-leigeil air croit gabhailte, gabhaltas geàrr-amail air croit seilbhe, no cead do neach-gabhail no do chroitear-seilbhe a bhith às-làthair.	61 (cuibheas thar an 2 bhliadhna roimhe)	Chan eil targaid idir (chan e prìomhachas a tha seo)	Clàran de ghnìomhan rianachd.
1.7	An àireamh de bhrisidhean RALU air an greasad gu sgaoileadh air Fios mu amharas air briseadh dleastanais (earrann 26C), no Fios a' solarachadh lomairt (earrann 26D).	26 (stèidhichte air 2020/21)	Chan eil targaid idir (is e ìre eadar-mheadhanach a tha seo air an t-slighe gu KPI 1.8)	
1.8	An àireamh de bhrisidhean RALU crìochnaichte tro òrdughan stad gabhaltais (earrann 26H), no aonta do mholaidhean leigeil air an cur a-steach le croitearan seilbhe, a' leantainn air òrdugh sin a dhèanamh (earrann 26J).	4 (stèidhichte air 2020/21)	4	Clàran de ghnìomhan rianachd.

## BUIL A DHÀ – FEARANN IONALTRIDH RIAGHLAICHTE AGUS CLEACHDAIDHEAN CO-STIÙIRIDH A' LEANTAINN

Tha stiùireadh co-roinnte agus cleachdadh tarbhach air fearann ionaltridh cudromach do thaicealachd agus seasmhachd chroitearachd. Tha an Coimisean ag obair le comataidhean ionaltridh agus le coimhearsnachdan croitearachd, a' toirt seachad an dà chuid stiùireadh agus taic, gus dèanamh cinnteach à stiùireadh agus cleachdadh èifeachdach air fearann ionaltridh.

### Aithris

Is e mòr-chuid obair na Sgioba Ionaidh, taic, leasachadh is brosnachadh a thoirt do chomataidhean ionaltridh ann an coileanadh an dleastanasan. Thar na bliadhna a tha ri teachd, bidh sinn a' toirt prìomhachas do chonaltradh eadar an Coimisean agus na comataidhean ionaltridh agus aig an aon àm ag adhartachadh cudromachd is èifeachdas chomataidhean a bhith an làthair, far nach eil gu làithreach comataidhean sam bith nan àite. Gus seo adhartachadh, leanaidh sinn air adhart a' conaltradh ri luchd-earrannan fearann ionaltridh nach eil air comataidhean a thilleadh a dh'oifis agus conaltradh a stèidheachadh le luchd-earrannan fearann ionaltridh a tha air a bhith às aonais chomataidhean ionaltridh airson grunn bhliadhnaichean. A thuilleadh air sin, bheir sinn agus cuiridh sinn ri tachartasan trèanaidh is eile co-cheangailte ri comataidhean ionaltridh a chruthachadh agus fearann ionaltridh a stiùireadh.

Leanaidh sinn air adhart a' cuideachadh chomataidhean agus luchd-earrannan gu duilgheadasan fhuasgladh agus obrachadh taobh a-staigh riathanasan an reachdais co-cheangailte ri fearann ionaltridh. Thèid comataidhean gu sònraichte a bhrosnachadh gu gabhail ris an teampalaid ath-sgrùdaichte airson riaghailtean ionaltridh gus dèanamh cinnteach à freagarrachd do reachdas croitearachd. A' dèanamh cinnteach gum bi suidheachadh nan earrannan agus an roinn sumaidh bhuntainneach air an stèidheachadh air fearann ionaltridh, a' faighinn aire leantainneach. A thuilleadh air sin, tòisichidh a' chiad pàirt den obair a' sgrùdadh ionaltridhean fa leth gus na bu chòir agus nach bu chòir a gabhail a-steach mar fhearann ionaltridh, a stèidheachadh air a' Chlàr Croitean.

### Prìomh Chlachan-mìle

Àireamh	Ceann-là	Clach-mhìle
2a	Leantainneach	Conaltradh ri Comataidhean Ionaidh uile a tha a' tighinn gu crìch agus gam brosnachadh gu Comataidh Ionaidh ùr a chur air bhonn.

Plana Gnothaich Coimisean na Croitearachd 2021/22

2b	Leantainneach	Daingneachadh do Chomataidhean Ionaltraidh agus Luchd-earrannan, faotainneachd air treòrachadh a chaidh fhoillseachadh sa Ghearran 2019 airson stiùireadh èifeachdach air fearann ionaltraidh. Freagairt cheistean sam bith airson soilleireachadh.
2c	Leantainneach	Cumail conaltradh ri luchd-earrannan fearann ionaltraidh nach eil air comataidh a thilleadh a dh'oifis agus stèidheachadh ceangal le luchd-earrannan aig nach robh comataidh airson ùine nas fhaide.
2d	Leantainneach	Brosnachadh chomataidhean ionaltraidh gu gabhail ris an teampaid ath-sgrùdaichte airson riaghailtean ionaltraidh.

## Prìomh Thomhasan Coileanaidh

Àireamh	Amas	Bun-loidhne	Targaid/Comharra	Tomhas
2.1	Meudachadh san àireamh de dh'ionaltraidhean le Comataidh ann an oifis.	500 Comataidh Ionaltraidh ann an oifis air 31 Màrt 2021	An àireamh de Chomataidhean Ionaltraidh ann an oifis, a chumail suas (a dh'aindeoin a' ghalair-sgaoilte).	Clàran rianachd
2.2	Meudachadh san àireamh de chomataidhean ionaltraidh a tha air gabhail ri riaghailtean na teamplaid ùir.	3 ann an 2020-21	Meudachadh de 10 aontaidhean aig a' char as lugha bhon Choimisean, a thaobh riaghailtean ùra air an cur a-steach le comataidhean, stèidhichte air an teamplaid.	An àireamh de riaghailtean ionaltraidh air an aontachadh, a tha stèidhichte air an teamplaid ùir.
2.3	Coinneamhan no conaltradh susbainteach eile le Comataidhean Ionaltraidh agus luchd-earrannan (mar a dh'fheumar) gus taic a thoirt dhaibh le riaghladh agus stiùireadh air fearann ionaltraidh.	12 ann an 2020-21	Chan eil targaid àireamhach an seo oir tha seo sa mhòr-chuid air a stiùireadh a rèir iarrtas.	Clàran de ghnìomhan rianachd (Thoir an aire gu bheil seo a' còmhach diofar sheòrsaichean de eadar-theachd bhon Choimisean: a' faighinn Chomataidhean ann an oifis; fuasgladh cheistean de mheadhanach; agus cuideachadh le dèiligeadh ri cùisean nas doimhne.)
2.4	Cuibhreann ceart earrannan a stèidheachadh air fearann ionaltraidh le bhith a' rannsachadh agus ag ùrachadh chlàran de shuidheachadh luchd-earrannan.	15 ann an 2020-21	10 bailtean fearainn a bharrachd air an rannsachadh 2021/22	Clàran de ghnìomhan rianachd
2.5	Leasachadh agus cuideachadh le trèanadh agus tachartasan eile do chomataidhean ionaltraidh agus stiùireadh air fearann ionaltraidh.	5 ann an 2020-21	5 tachartasan ann an 2021/22	Clàran de ghnìomhan rianachd



## **BUIL A TRÌ – CROITEARACHD AIR A RIAGHLADH ANN AN DÒIGH CHOTHROMACH, BHUADHACH AGUS ÈIFEACHDACH**

Tha sinn dealasach a thaobh seirbheis àrd-chàileachdail agus phroifeiseanta a sholarachadh do ar teachdaichean, gu h-àraid dhaibhsan a tha a' cur thagraidhean riaghlaidh thugainn no a bhios a' cur thagraidhean clàraidh na croite aca thugainn airson ath-sgrùdadh agus adhartachadh gu Clàran na h-Alba. Tha sinn dealasach a thaobh cothromachd nar co-dhùnidhean agus bidh sinn a' cumail sùil air amannan tillidh do gach diofar sheòrsa de phròiseas.

Tha sinn dealasach cuideachd a thaobh leasachadh leantainneach air ar pròiseasan air an taobh a-staigh, gu co-dhùnidhean cunbhalach agus cothromach a liubhairt a tha a' gèilleadh don reachdas, agus a tha a' liubhairt luach às leth an sporain phoblaich. Le bhith a' grinneachadh mar a tha sinn a' libhrigeadh ar seirbheisean do theachdaichean, is urrainn dhuinn seirbheis nas luaithe, nas cunbhalach agus nas fhiosrachail a thoirt seachad, mar sin a' leudachadh riarachas agus misneachd theachdaichean agus aig an aon àm a' leasachadh luach an airgid.

### Aithris

Ann an 2020/21, dh'adhbhraich an galar-sgaoilte agus na glasaidean co-cheangailte ris iomadh dùbhlán do ar seirbheisean rtiaghlaidh, a' toirt buaidh air làimhseachadh puist, co-cheangailteachd agus faotainneachd luchd-obrach aig amannan sònraichte den bhliadhna, agus chunnaic sinn meudachadh mean air mhean san àireamh de chùisean gun rèiteachadh thar cùrsa na bliadhna. Is e prìomh amas airson 2021/22 barrachd obair-cùise na gheibh sinn a ghiullachd, gus suidheachadh nas seasmhaiche fhaighinn air ais agus amannan tillidh a leasachadh.

Tha goireasan airson thagraidhean air-loidhne gan leasachadh, agus bidh iad rim faotainn le teachdaichean rè 2021/22.

Tha sinn cuideachd ag obair le Clàran na h-Alba airson aonta a ruighinn air atharrachaidhean sam bith a tha riatanach gus an dòigh sa bheil an dà bhuidheann a' làimhseachadh obair clàraidh chroitean a leasachadh, gu h-àraid far a bheil e ag eadar-obrachadh le tagraidhean riaghlaidh croitearachd.

## Prìomh Chlachan-mìle

Àireamh	Ceann-là	Clach-mhìle
3a	An Lùnastal 2021	An ath thogail de Shìostam Fiosrachaidh Croitearachd air fhoillseachadh is ùrachadh sgìlean air a libhrigeadh, agus CIS air imrich gu cloud.
3b	An Lùnastal 2021	Sìostam didseatach airson brathan air a thoirt gu buil.
3c	An Lùnastal 2021	Aontachadh leasachaidhean le Clàran na h-Alba air ar pròiseasan co-mheasgaichte, agus mar a ghabhas iad am buileachadh.
3d	An Lùnastal 2021	A' chiad 8 seòrsaichean tagraidh rim faotainn gu didseatach.

## Prìomh Thomhasan Coileanaidh

Àireamh	Amas	Bun-loidhne	Targaid/Comharra	Tomhas
3.1	Lùghdachadh ann an amannan tilleadh meadhanail (croitean clàraichte, aontaidhean ìre 1)	Figearan do 2020-21: Sònrachadh – p10.7 seachdainean Di-chroiteadh CHSGG – 13 Di-chroiteadh Pàirt Croit – 22.6	Lùghdaich meadhain gu: Sònrachadh – 9 seachdainean Di-chroiteadh CHSGG – 11 Di-chroiteadh Pàirt Croit – 16	Ùine ga thoirt bho àm tagraidh gu fios mun cho-dhùnadh, <i>do chùisean far nach eil clàradh riatanach.</i>
3.2	Lùghdachadh san àireamh de chùisean riaghlaidh beò aig àm sònraichte.	807 air 31 Màrt 2021	Lùghdachadh gu 732 (an ìre bhon Ògmhios 2020)	Àireamh de chùisean riaghlaidh beò aig 31 Màrt
3.3	Lùghdachadh san àireamh de chùisean riaghlaidh rin rèiteachadh an dèidh 12 mìosan.	159 air 31 Màrt 2021	Lùghdaich gu 140	Àireamh de chùisean riaghlaidh beò air 31 Màrt, a tha còrr air 12 mìosan bho fhuair an Coimisean iad an toiseach
3.4	Ìrean riarachais theachdaichean	100% riarachas air aithris bho àireamh chuibhrichte de fhreagairtean ann an 2020-21	80% aig a' char as lugha de fhreagairtean deimhinneach	Co-chuid de dhaoine a' freagairt 5 no 4 air an sgèile 5-phuing airson riarachas iomlan.

## **BUIL A CEITHIR – CROITEARACHD GHNÌOMHACH THEACHDAIL A’ FAOTAINN TAIC BHO CHONALTRADH FIOSRAICHTE LE LUCHD-ÙIDHE**

Tha dleastanas air a’ Choimisean soirbheachas croitearachd adhartachadh, agus Riaghaltas na h-Alba a chomhairleachadh mu chùisean croitearachd. Tha sinn a’ cur fàilte air iomairtean co-obrachail le buidhnean eile gus cur ri leasachadh seasmhach air croitearachd. Obraichidh sinn ann an co-bhonn ri Riaghaltas na h-Alba gus na gnìomhan a thoirt air adhart a tha mìnichte ann am Plana Leasachaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba airson croitearachd.

### **Aithris**

Tha sinn a’ cur fàilte air sgioba leasachaidh bhrosnachail a bharrachd gun Choimisean am-bliadhna. Cedaichidh an sgioba seo cuimse ath-ùraichte air a bhith ag adhartachadh ùidhean croitearachd agus tha e ann an deagh àm le foillseachadh air a’ Phlana Leasachaidh Nàiseanta airson croitearachd. Sa bhliadhna a tha romhainn, cuimsichidh sinn air tuigse a thogail do chuid de na h-adhbharan air cùlaibh prìomh chùisean a tha a’ beantainn do chroitearachd, a’ cleachdadh ar bunait fiosrachaidh agus ceanglaichean gu buidhnean agus croitearan. Bheir seo dhuinn comas air ceumannan a ghabhail airson dèiligeadh ri cuid de na cùisean sin. Obraichidh sinn le càch gus ro-innleachdan a leasachadh agus a bhuileachadh airson tionndadh air croitean a bhrosnachadh, le amas air feum nas fheàrr a thoirt à croitean neo-ùisnichte agus cuid den iarrtas shusbainteach air an son a choinneachadh. Bidh co-obrachadh dlùth cuideachd le buidhnean eile gu bhith ag obair còmhla air cuid de na cùisean, a’ gabhail a-steach ruigsinneachd air fearann croite, sgeamaichean taic teachdail agus ath-leasachadh is stiùireadh air fearann-mònadh.

## Prìomh Chlachan-mìle

Àireamh	Ceann-là	Clach-mhìle
<b>4a</b>	An Lùnastal 2021	Cacheileith gu soidhnichean a stèidheachadh taobh a-staigh làrach-lìn a' Choimisein gus croitearan agus am poball a stiùireadh gu làraichean-lìn buntainneach agus gu fiosrachadh co-cheangailte ri croitearachd.
<b>4b</b>	An t-Sultain 2021	Fiosrachadh a thoirt gu buil mu roghainnean do chroitearan a tha a' beachdachadh air a' chroit aca a chur air adhart.
<b>4c</b>	An Dùbhlachd 2021	Adhbharan nach eil croitean gan cur air adhart a rannsachadh (gu sealach no gu maireannach) nuair nach eil dleastanasan gan coileanadh, agus ro-innleachdan a leasachadh airson tionndadh air croitean adhartachadh. Buidheann-obrach thar-bhuidhne a stèidheachadh tro COHI (Cunradh na Gàidhealtachd 's nan Eilean) gus coimhead ri tionndadh air croitean agus inntrigeadh gu croitearachd.
<b>4d</b>	Leantainneach	Beachdachadh air comas ceannach agus ruigsinneachd air fearann croite do chroitearan san amharc, gu h-àraid na feartan laghail, poileasaidh agus ionmhasail a tha a' toirt buaidh air prìsean croitean.
<b>4e</b>	An t-Sultain 2021	Buidheann obrach thar-bhuidhne a stèidheachadh tro COHI gus cothroman a chomharrachadh air sgaoilidhean càrboin a lùghdachadh, glacadh càrboin a mheudachadh agus bith-iomadachd a neartachadh taobh a-staigh na roinne croitearachd.
<b>4f</b>	Leantainneach	Com-pàirteachadh ann an deasbadan le luchd-ùidhe agus SG air ùidhean croitearachd agus gu h-àraid leasachadh air siostaman taic airson croitearachd san àm ri teachd.

## Prìomh Thomhasan Coileanaidh

*Chan eil Prìomh Thomhasan Coileanaidh rim faotainn don Bhuil seo*

## **BUIL A CÒIG – FÈIN-BHROSACHADH AGUS NA SGILEAN CEART AIG AR SGIоба-OBRACH AIRSON GNÌOMHADH MATH, LE PRÒISEASAN RIAGHLAIDH DEN CHLEACHDADH AS FHEÀRR**

Le bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil trèanadh iomchaidh agus tasgadh leantainneach aig ar luchd-obrach agus Buill a’ Bhùird, is urrainn dhuinn sgioba-obrach àrd-ghnìomhach a leasachadh. Nì sinn cinnteach gu bheil ar buidheann a’ coileanadh a riatanasan laghail agus a’ cur ri cinn-uidhe nas fharsainge Riaghaltas na h-Alba airson Alba.

### **Aithris**

Mar bhuidheann poblach, coileanaidh sinn nan riatanasan laghail agus bidh sinn a’ strì ris a’ chleachdaidh as fheàrr fhaotainn ann an làimhseachadh fiosrachaidh, ar modh-freagairt do ar teachdaichean, ar n-obair a dh’ionnsaigh conaltradh soilleir, agus èifeachdas is luach an airgid. Sa bhliadhna a tha ri teachd, leanaidh sinn air adhart a’ fighe a-steach ar pròiseasan airson làimhseachadh fiosrachaidh is chlàran ann an co-rèir ri riatanasan GDPR agus an Achd Dìon Dàta.

Leasaichidh sinn ar barantachd air riarachas teachdaichean le bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil uidheaman làidir agus èifeachdach nan àite gus fuasgladh fhaotainn agus dèiligeadh ri gearanan sam bith bho teachdaichean. Leanaidh sinn air adhart a’ freagairt ann an deagh àm do ghearanan uile a thuilleadh air leasan ionnsachadh aig àm sam bith nuair a tha gearan ga chumail suas.

Cuiridh sinn am Plana Sgioba-obrach an gnìomh a leasaich sinn ann an 2019-20 agus a chaidh ùrachadh ann an 2020-21, a’ sireadh ri trèanadh, conaltradh agus riarachas obrach a leasachadh do ar luchd-obrach. Is iad dà phrìomhachas sònraichte sa bhliadhna a tha romhainn, planadh leantainneachd agus innleachadh poileasaidh air làrach na sgioba-obrach againn.

Dìreach mar a tha croitearachd a’ cur ri toradh bìdh seasmhach gu h-àrainneachdail agus ri dìon bith-iomadachd, leanaidh sinn mar an neach-riaghlaidh a’ sgrùdadh ar sgoilidhean càrboin chorporra agus a’ toirt cheumannan gu buil airson an lùghdachadh. Ann an 2020/21, lùghdaich an Coimisean a shiubhal gnothachais gu tur air sgàth a’ ghalair-sgaoilte, agus tha sinn dealasach a thaobh barrachd feum a thoirt à tele-chonaltraidhean, leithid coinneamhan air astar airson co-dhùnaidhean obair-cùise riaghlaidh, fiù nuair a bhios siubhal àbhaisteach ceadaichte. Tha ar tomhas KPI a’ ruith bliadhna air dheireadh, mar sin tro 2021/22 bidh sinn ag aithris air na sgoilidhean bho ar siubhal gnothachais ann an 2020/21 – a thathar an dùil a bhios air leth ìosal mar thoradh air buaidh a’ ghalair-sgaoilte.



## Prìomh Chlachan-mìle

Àireamh	Ceann-là	Clach-mìle
5a	An Giblean 2021	Aithisg fhoillseachadh mu na ceumannan a ghabh an Coimisean gus barrachd bhoireannach a bhrosnachadh gu bhith nam buill air a' Bhòrd
5b	An Ògmhios 2021	Planadh leantainneachd airson prìomh dhreuchdan a leasachadh agus a chur an gnìomh
5c	An Iuchar 2021	Poileasaidh Coimisean a leasachadh a thaobh làrach ar sgioba-obrach thar na h-ùine a tha romhainn
5d	An Lùnastal 2021	Modhan-obrach a thaobh clàr gleidhidh fèin-ghluasadach a chur an gnìomh taobh a-staigh CIS ath-sgrùdaichte
5e	An Lùnastal 2021	Buileachadh air plana gnìomha Suirbhìdh an Luchd-obrach 2020 a chrìochnachadh
5f	An Dùbhlachd 2021	Togail air na cothroman taghaidh chun a' Bhùird tarsainn nan sgìrean croitearachd, agus brosnachadh ainmeachaidhean bhon dà chuid boireannaich agus fireannaich

## Prìomh Thomhasan Coileanaidh

Àireamh	Amas	Bun-loidhne	Targaid/Comharra	Tomhas
5.1	Meudachadh ann an rangachadh conaltraidh luchd-obrach	57% as t-Samhradh 2020	Gleidheadh no barrachadh na h-àrd-ìre chlàraichte a chaidh a choileanadh ann an 2020.	Sgòran cuibheasach airson seat de cheistean stèidhichte ann an suirbhìdh bhliadhnail an luchd-obrach.
5.2	Sgaoilidhean càrboin corporra	15 tCO <sub>2</sub> e ann an 2019/20	Lùghdachadh de 90% sa bhliadhna galair-sgaoilte 2020/21.	Sgaoilidhean bho shiubhal gnothachais le luchd-obrach agus Coimiseanairean.
5.3	Ath-chleachd sàbhalaichean èifeachdais taobh a-staigh prìomh bhuidseat £3.2m	3.4% (£95k) 2020/21	3%	Maoineachadh ga ath-chleachdadh mar thoradh air èifeachdan anns na h-obrachaidhean làithreach.



## TOMHAS SOIRBHEACHAS

Sa Phlana Chorporra 2019-22, chomharraich sinn seat de chomharran coileanaidh àrd-ìreil a tha gan nochdadh sa Phlana Gnothaich mar a chithear gu h-ìosal:

Comharra Àrd-Ìreil	Ceann-uidhe	Plana Gnothaich 2019/20
Àireamh de chroithean falamh air an leigeil	Meudachadh	1.1
Àireamh de bhrisidhean dleastanais, air am fuasgladh tro ghnìomh a' Choimisein	Meudachadh	1.4, 1.5, 1.6, 1.8
Àireamh dh'ionaltraidhean riaghlaidhte le comataidh ann an oifis	Meudachadh	2.1
Amannan tionndaidh thagraidhean riaghlaidh	Lùghdachadh	3.1
Reataichean riarachais theachdaichean	Meudachadh	3.4
Rangachadh conaltraidh luchd-obrach	Meudachadh	5.1
Sgaoilidhean càrboin corporra	Lùghdachadh	5.2

## BUILEAN NÀISEANTA

Tha builean a' Phlana Chorporra againn air an co-thaobhadh le builean chàich san roinn phoblaich gus Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba a thoirt gu bith, a tha air an gleidheadh san Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta ùr. Tha sinn a' creidsinn gu bheil sinn a' cur ri 4 de na Builean Nàiseanta:

- Tha sinn a' cur luach air, a' gabhail tlachd às agus a' neartachadh ar n-àrainneachd.
- Tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhalach, cumhachdaichte, fulangach agus sàbhailte.
- Tha eaconamaidh farpaiseach, tionnsgaineach, in-ghabhalach agus seasmhach gu cruinneil againn.
- Tha sinn a' toirt spèis, a' dìon agus a' coileanadh chòraichean daonna, agus beò 's sinn saor bho leth-breith.

Tha geàrr-iomradh air an dòigh sa chuir sinn ri gach aon de Builean Nàiseanta air a ghabhail a-steach nar n-Aithisg Bhliadhnail a h-uile bliadhna.



## FIOSRACHADH MUN BHUIDSEAT

Tha sinn a’ faotainn maoinachadh Thabhartais-gus-Cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba. Tha co-dhùnaidhean dèante gach bliadhna mun bhuidseat phoblach a tha a’ mìneachadh an riarachaidh againn air Tabhartas-gus-Cuideachadh, mar sin tha daingneachadh againn air an riarachadh maoinachaidh airson 2021/22 a-mhàin. Bidh am Plana Gnothaich a’ stiùireadh ghoireasan ionmhasail agus luchd-obrach do na raointean prìomhachais a tha air an comharrachadh sa Phlana Chorporra seo agus aontaichte leis a’ Bhòrd.

Tha £3.200m de thabhartas cuideachaidh air a riarachadh do Choimisean na Croitearachd airson 2021/22, le timcheall air 79% dheth a bhios air a riarachadh dìreach gu tuarastalan luchd-obrach, agus an còrr a’ còmhdach chosgaisean co-cheangailte ri buill a’ Bhùird agus cosgaisean ruith àbhaisteach na buidhne.

A thaobh nan Cinn-uidhe Gnothaich airson 2021/22, faodaidh sinn a’ chosgais libhrigidh do gach buil a thuairmseadh. Tha an clàr gu h-ìosal a’ sealltainn na h-àireimh de FTEan air an tuairmseadh mar a bhith ag obair do gach buil, agus tha a’ chosgais thuairmseach stèidhichte air na tuarastalan co-cheangailte do na FTEan sin, còmhla ri cosgaisean co-cheangailte sam bith eile. Tha cosgaisean ruith stèidhichte (mar eisimpleir, ar còmhnaidh air Taigh a’ Ghlinne Mhòir) air an gabhail a-steach air bunait cho-chuideil do gach FTE.

A thuilleadh air an seo, tha cosgaisean pàighidh eile ann co-cheangailte ri peinnseanan eachdraidheil agus am Bòrd de £150k gu h-iomlan.

Buil Chorporra	FTEan	Cosgais Thuairmseach
Croitean air an gabhail agus air an obrachadh	7.0	£380k
Fearann ionaltraidh riaghlaichte agus co-stiùireadh a’ leantainn	3.4	£170k
Croitearachd air a riaghladh ann an dòigh chothromach, bhuadhach agus èifeachdach	32.8	£1,480k
Croitearachd ghnìomhach theachdail a’ faotainn taic bho chonaltradh fiosraichte le luchd-ùidhe	7.4	£520k
Fèin-bhrosnachadh agus na sgilean ceart aig ar sgioba-obrach airson gnìomhadh math, le pròiseasan riaghlaidh den chleachdadh as fheàrr	8.7	£500k